

Dè na sochairean teaghlaich a tha Tèarainteachd Shòisealta Alba a' lìbhrigeadh?

Sochair	Pàigheadh	Airidheachd
Pàigheadh Pàiste na h-Alba Pàigheadh airson gach pàiste gus cuideachadh le cosgaisean a thaobh taic a chumail ri teaghlach.	£106.80 gach 4 seachdainean.	Clann gus an 16mh co-latha-breith.
Pàigheadh Leatromachd agus Leanaibh an Tabhartais Thòiseachaidh as Fheàrr Pàigheadh airson cuideachadh le cosgaisean leatromachd no coimhead às dèidh leanabh.	Pàigheadh de £754.65 airson a' chiad leanabh agus £377.35* airson clann a bharrachd.	Cuir iarrtas a-steach bho dheireadh an 24 ^{mh} seachdain de leatromachd gus am bi an leanabh 6 mìosan a dh'aois.
Pàigheadh Tràth-ionnsachaidh an Tabhartais Thòiseachaidh as Fheàrr Pàigheadh airson gach pàiste gus cuideachadh le cosgaisean tràth-ionnsachaidh.	Aon phàigheadh de £314.45 a-mhàin.	Cuir iarrtas a-steach nuair a tha pàiste eadar 2 agus 3.5 bliadhna a dh'aois. Faodaidh daoine iarrtas a chur a-steach fhathast fiù 's mura h-eil pàiste a' gabhail àite ann an sgoil-àraich.
Pàigheadh Aois Sgoile an Tabhartais Thòiseachaidh as Fheàrr Pàigheadh airson gach pàiste gus cuideachadh le cosgaisean ullachaidh na sgoile.	Aon phàigheadh de £314.45 a-mhàin.	Cuir iarrtas a-steach sa bhliadhna a tha pàiste a' ruigsinn aois gus tòiseachadh san sgoil. Faodaidh daoine iarrtas a dhèanamh fhathast agus am pàigheadh fhaighinn ma tha pàiste a' cur dàil air tòiseachadh san sgoil.
Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr Airgead air cairt chip-is-piona ro-phàighte gus biadh fallain a cheannach leithid uighean, bainne, measan, glasraich agus peasraichean.	<ul style="list-style-type: none"> ● £19.80 gach ceithir seachdainean tron leatromachd ● £42.40 gach ceithir seachdainean bho àm breith gu ciad cho-latha-breith an leanaibh ● £21.20 gach ceithir seachdainean airson pàiste sam bith bho aois bliadhna gus an treas co-latha-breith. 	Cuir iarrtas a-steach bho leatromachd gu treas co-latha-breith a' phàiste.

* Ann an cuid de shuidheachaidhean, dh'fhaodadh gum faigheadh daoine am pàigheadh nas àirde de £754.65 airson clann a bharrachd. Nam measg tha daoine a b' fheudar an dachaigh fhàgail air sgàth droch-dhiol san dachaigh, cuid le inbhe fògarraich agus cuid de luchd-cùraim a ghabh uallach airson pàiste nas sine na bliadhna a dh'aois.

Pàighidhean fèin-obrachail de Phàigheadh Tràth-ionnsachaidh agus Pàigheadh Aois Sgoile an Tabhartais Thòiseachaidh as Fheàrr

Faodaidh sinn a-nis pàighidhean fèin-obrachail a dhèanamh airson nan sochairean seo gun fheum sam bith iarrtas a chur a-steach. Ma gheibh daoine Pàigheadh Pàiste na h-Alba agus ma tha am pàiste aca a' coileanadh nan cumhaichean aoise, bidh Tèarainteachd Shòisealta Alba cuideachd a' dèanamh cinnteach gu fèin-obrachail gum faigh iad Pàigheadh Tràth-ionnsachaidh an Tabhartais Thòiseachaidh as Fheàrr agus Pàigheadh Aois Sgoile an Tabhartais Thòiseachaidh as Fheàrr.

Cò gheibh na pàighidhean seo?

Faodaidh daoine cur a-steach airson nam pàighidhean seo ge bith a bheil iad ag obair gus nach eil. Faodaidh daoine a bhith airidh ma tha iad fhèin, no an caidreach, nam pàrant no neach-cùraim làn-ùine de phàiste agus ma bhios iad a' faighinn creideas an-còmhla no sochairean sònraichte eile.

Airson Tabhartas Tòiseachaidh as Fheàrr agus Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr, chan fheum daoine fo aois 18 a bhith a' faighinn shochoirean sam bith gus iarrtas a dhèanamh. Faodaidh daoine a tha 18 no 19 agus nach eil a' faighinn shochoirean no pàighidhean iarrtas a dhèanamh fhathast airson Tabhartas Tòiseachaidh as Fheàrr no Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr ma tha am pàrant no an neach-cùraim aca a' faighinn shochoirean sònraichte.

Ciamar a chuireas daoine iarrtas a-steach?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig mygov.scot/familybenefits. Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le fòn a chur thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

Dè na sochairean buntainneach airson nam pàighidhean seo?

Creideas Coitcheann, Creideas Cìs Cloinne, Creideas Cìs Obrach, Taic Teachd-a-steach, Creideas Peinnsein, Cuibhreann Sireadair-obrach (JSA) Stèidhichte air Teachd-a-steach, Cuibhreann Cosnaidh agus Taice (ESA) ceangailte ri teachd-a-steach, Sochair Taigheadais (Tabhartas Tòiseachaidh as Fheàrr agus Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr a-mhàin)

Chan fheum sinn fios a bhith againn mu theachd a-steach cuideigin nuair a tha sinn a' measadh airidheachd air gin de na pàighidhean.

Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org



Webchat: chat.socialsecurity.gov.scot

Dè an fhianais a bhios a dhìth?

Bidh e comasach dhan mhòr-chuid iarrtas a dhèanamh gum bi sinn a' faighinn a-mach bhon Roinn Obrach is Pheinnseanan agus HMRC am bi thu a' faighinn sochair no creideas cise buntainneach.

Feumaidh sinn fianais gu bheil uallach air an neach a tha a' dèanamh iarrtas airson an leanabh, mar as trice tron leanabh a bhith air ainmeachadh air tagradh shochoirean. Faodaidh luchd-dàimh a tha a' toirt seachad cùram uallach a nochdadh airson leanabh le òrdugh laghail sònraichte, aonta sgrìobhte le ùghdarras ionadail no, ann an cuid de shuidheachaidhean, litir taice bho ùghdarras ionadail.

Am feum iad fiosrachadh mun chaidreach aca?

Feumaidh, ma tha sibh a' fuireach san aon dachaigh agus ma tha sibh:

- pòsta aig a' chèile
- ann an com-pàirteachas sìobhalta còmhla
- a' fuireach còmhla mar gu bheil sibh pòsta.

Dè thachras ma dh'atharraicheas suidheachadh cuideigin às dèidh dhaibh iarrtas a dhèanamh?

Feumaidh daoine innse dhuinn ma dh'atharraicheas an suidheachadh aca aig àm sam bith. Tha seo airson dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn a h-uile càil air a bheil iad airidh. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach atharrachaidhean air na sochairean no creideas an-còmhla a gheibh cuideigin no càite bheil iad a' fuireach.

Ciamar a thèid daoine a pàigheadh?

Thèid teaghlaichean a tha airidh a pàigheadh don chunntas a thagh iad. Thèid pàigheadh Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr a chur air cairt.

A bheil buaidh aig na pàighidhean seo air sochairean eile?

Chan eil, cha tèid suim a ghabhail orra airson measaidhean sochair agus creideas cise na RA.

Tadhail air làrach-lìn cosgais bith-beò Riaghaltas na h-Alba airson tuilleadh fiosrachaidh mun taic a tha ri faighinn do theaghlaichean:
gov.scot/costoflivingsupport

